

## Bàrdachd ? Càit' an tòisich mi?

1. Nuair a tha thu air a' phìos bhàrdachd a leughadh airson a' chiad uair, thalla air ais is mothaich na rudan a ghlac d' aire no a tha a' seasamh a-mach; abairt dealrach no ainm àite air a bheil thu eòlach? an tiotal? an coltas air an duilleag?
2. Leugh a-mach e gun am fairich thu e nad bheul. A bheil a' bhàrdachd a' cur cabhag ort no a' cur maill ort? Leigidh seo dhut ceòl a' bhàrdachd a chluinntinn 's greim nas cinntichte fhaighinn air an argamaid. A bheil mac-talla ri chluinntinn de fhuaimnean no còmharradh? A bheil facail/abairtean air an ath-aithris? Ma tha, dè an dòigh a tha iad seo a' toirt còmhla 's a' cur cudthrom air ciall?
3. Mur a lorg thu dòigh a-staigh, tòisich leis na rudan a tha cinnteach; an deach a sgrìobhadh ann an guth leanabh? an e a' gheamhradh a th'ann? a bheil e a' bruidhinn ri cuidegin eile? Dè sgeulachd an dàin? Cuin is càite a tha e a' tachairt?
4. Tha bàrdachd air a chruthachadh le barrachd na na facail fhèin. Smaoinich air na diofair dhòighean a dh' fhaodmaid ' Tha gaol agam ort' a radh no 'Tha mi a' falbh'. Dè an tòna a chleachdadh tu nan robh thu ga leughadh a-mach? Nan robh luchd-èisteachd agad ciamar a bhiodh thu airson 's gum fairicheadh iad? Ciamar a tha a' bhàrd ag iarraidh oirnn a bhith a' faireachdainn? (Coimhead air puing 2 a-rithist. 'S ann le taghadh nam facal agus structar na loidhnichean, mar as trice, a chruthaicheas bàrd tòna)
5. Lorg na gnìomhairean. Dè an dòigh 'sa tha gluasad air a mhìneachadh san dàn? A bheil comhlachas aig na gnìomhairean mar tha?
6. Dè dham bheil am bàrd a' toirt an aire? Carson a tha aire a' laighe air a seo? a bheil comhlachas aige mar tha? Tha pìosan bàrdachd an crochadh air am fiosrachadh mionaideach. Nam 'be fiolm goirid a bha 'san dàn seo, dè air am bheil am bàrd a' cur an zoom? is carson?
7. Ciamar a tha e a' coimhead air an duilleig? A bheil am bàrd air smaoineachadh mun chumadh a th'air? A bheil seo coltach ann an dòigh sam bith ri cuspair a' phìos bhàrdachd?

8. Ma choimheadas tu air an dàn fada gu leòr, an nochd ciall eile no dealbh fhalaichte? Feuch an lorg thu ciall eile air cùl an ìomhaigh.

9. Cuimhnich nach eil ealain mar sgàthan - tha e a' meudachadh, a' bristeadh 's a' slaodadh air an fhìrinn gus am faic sinn nas soilleire.

10. A bheil fìrinn aig cridhe an dàin? Dh' fhaoite gur e pìos litereil, dìreach, ionadail a th'ann mar am pìos aig X air Y ach bhon dàn seo faodaidh an leughadair fìrinnean a lorg mu... Tha bàrdachd mar as trice ag eadar theangachadh tachartas pearsanta, ionadail gu tuisge no strì a tha fìor airson mac an duine. A bheil fìrinn ri lorg (chan fheum bàrd guth fìreannach a chleachdadh), nad bheachd? Dè an adhbhar a sgrìobh a' bhàrd a' phìos agus dè tha iad ag iarraidh a radh riut?

11. A bheil am pìos a' cruthachadh saoghal, saoghal beag fiùs a tha diofraichte? saoghal anns am faod sinn stad greiseag 's sinn a' leughadh an dàin? A bheil thu air do tharraing a-staigh ann?

12. Dè na cleasan sgrìobhaidh a tha am bàrd air a chur gu feum? A bheil iad follaiseach no seòlta? Smaoinich air dè tha a' bhuidh a th' aca ort mar leughadair? Carson a chleachd a' bhàrd an cleas sgrìobhaidh sònraichte sin? Dè an ceangal no sgaradh a tha iad a' toirt am follais?

13. Tha am bàrd a' feuchainn rudegin oibreachadh a-mach. Tha thu air a dhol a-measg na smuaintean aig cuidegin eile. A bheil an dàn a' toirt sealladh ùr no tuisge a bharrachd dhut fhèin? Dè tha gad tharraing ris no a tha a' leantainn nad chuimhne? Dè tha thu a' toirt air falbh leat? Tha sinn air èisteachd ri smuaintean chuidegin eile ach tha bàrdachd ag iarraidh oirnn èisteachd ruinn fhèin cuideachd.

14. Nuair a sgrìobhas tu aiste feuch earrainn às an dàn a cleachdadh a dhearbhas na puingeann agad. Le bhith a' taghadh **earrainn** a tha iomchaidh, chì luchd nan deuchainn gu bheil thu air an dàn a thuigsinn's gun tèid agad air aragamaid a chur ri chèile.



## Ri dhèanamh:

1. Cuir eòlas air **a' chuspair**.
2. Ciamar a tha **cànan**, **fuaim** is **cumadh** ag obair airson an teama a chur air adhart?
3. Dè **beachd a' bhàird** air a' chuspair? Dè an seòrsa **guth** a tha air a chleachdadh? Dè an **tòna** th' air a chruthachadh?
4. Dè **do beachd fhèin** air a' phìos? na th'aig a' bhàrd ri radh ruit? Ciamar a chur e ris an eòlas a th'agad... mu do dheidhinn fhèin...mun t-saoghal san fharsaingeachd?

Feuch airson na puingean a thaghas tu, sructar a chur na smuaintean agad. Dh' fhaodadh tu an stuctar seo a leantainn;

Puing -

Eisimpleir - thoir eisimpleir, fianais

Mìneachadh - mìnich am puing

Ceangal - ceangal **am puing** ris a' cheist

